

Aithisg air Dleastanas Bith-iomadachd 2021-23

Ro-ràdh

Tha Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIAL) na companaidh phoblach a tha fo làn shealbh Ministearan na h-Alba. Tha a' chompanaidh a' ruith agus a' stiùireadh 11 puirt-adhair ann am Barraigh, Beinn na Faoghla, Ceann Loch Chille Chiarain, Dùn Dè, Ìle, Inbhir Nis, Kirkwall, Steòrnabhagh, Sumburgh, Tiriodh agus Inbhir Ùige.

Tha puirt-adhair HIAL ro-chudromach airson leas sòisealta is eaconamach nan sgìrean air a bheil iad a' frithealadh agus tha iad a' faighinn taic bho shubsadaidhean bho Riaghaltas na h-Alba a rèir Earrann 34 de dh'Achd na h-Itealanachd Shiobhalta 1982.

Tha Àrd-oifigear os cionn na companaidh, a tha cunntachail do Bhòrd HIAL. Tha ceannas aig an Àrd-oifigear air an Àrd-Sgioba Stiùiridh agus bidh roinnean fa leth ag aithris dhan Àrd-Sgioba Stiùiridh. Tha Manaidsear Port-adhair aig gach port-adhair aig a bheil uallach airson na làraich aca.

Dh'fhoillsich HIAL Ro-innleachd Seasmhachd agus Aithris Poileasaidh Àrainneachdail is Seasmhachd ann an 2023. Tha an Ro-innleachd againn stèidhichte air trì prìomh chuspairean, agus tha grunn chòlban anns gach fear dhiubh:



Cuspair 1 – A' Lùghdachadh na Buaidh Àrainneachdail againn

- Colbh 1 – Riaghladh Sgudail
- Colbh 2 – Riaghladh Uisge
- Colbh 3 – Èifeachdas Lùths
- Colbh 4 – Càileachd an Adhair
- Colbh 5 – Eag-eòlas agus Cruth-tìre



Cuspair 2– A' cumail taic ris na coimhearsnachdan is ris na daoine againn

- Colbh 6 – Na Daoine againn
- Colbh 7 – Na Coimhearsnachdan againn
- Colbh 8 – Fuaim
- Colbh 9 – Ruigsinneachd air an talamh



Cuspair 3 – Seirbheisean adhair le cothromachadh-carboin

- Colbh 10 – Ag obair ann an com-pàirteachas le roinn nan seirbheisean adhair nas fharsainge gus Cothromachadh-carboin a ruigsinn.

Tha uallach air HIAL airson oighreachd mhòr anns a bheil tòrr lusan is ainmhidhean cudromach. Tha mòran den oighreachd seo air a dhèanamh suas de raointean mòra de thalamh feòir le mòran làraichean ri taobh àrainneachdan fìor-uisge agus mara. A bharrachd air sin, tha mòran de na làraichean aig HIAL suidhichte ri taobh, no faisg air, raointean a chaidh a chomharrachadh airson glèidhteachas nàdair. Tha iad sin a' gabhail a-steach Làraichean le Suim Shònraichte Shaidheansail, Sgìrean Glèidhteachais Sònraichte, Sgìrean Dion Sònraichte, làraichean Ramsar agus Làraichean Dion Mara. Tha na h-àrainnean sin a' cumail taic ri raon farsaing de dh'fhìadh-bheatha, a' gabhail a-steach dòbhraing agus cruinneachaidhean de dh'èoin. Tha HIAL a' cumail dlùth cheangal ri NàdarAlba, RSPB agus buidhnean àrainneachd eile gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail suas cothromachadh eadar glèidhteachas agus sàbhailteachd phlèanaichean.

Tha fiadh-bheatha (èoin agus beathaichean eile) air agus faisg air port-adhair na cunnart mòr do shàbhailteachd nan soithichean-adhair. Feumaidh luchd-obrachaidh puirt-adhair le teisteanas Buidheann Sàbhailteachd Seirbheisean-adhair na h-Eòrpa (EASA) agus le teisteanas Ùghdarras an Itealaich Chatharra (CAA) na gnìomhan a ghabhail a tha a dhith gus an cunnart do ghnìomhachd adhair mar thoradh air fiadh-bheatha a chomharrachadh, a stiùireadh agus a lasachadh. Feumaidh iad cuideachd ceumannan a ghabhail gus an cunnart bho thubaistean a lùghdachadh gu ìre cho ìosal 's a ghabhas. Tha e mar dhleastanas air HIAL dèanamh cinnteach gu bheil an spàs-adhair timcheall air na puirt-adhair aca sàbhailte airson cleachdadh le soithichean-adhair fad an t-siubhail, agus gu sònraichte, feumaidh iad a bhith mothachail air a' chunnart gum bi 'bualaidhean air fiadh-bheatha' taobh a-staigh 13 km de gach port-adhair. Bidh HIAL cuideachd a' toirt seachad bheachdan air leasachaidhean ùra a dh'fhaodadh àrdachadh adhbharachadh ann an sluaighean fiadh-bheatha tron t-siostam Dealbhaidh Ionadail. Bidh na puirt-adhair cuideachd ag obair le uachdarain ionadail gus dèanamh cinnteach nach àrdaich an cunnart bho bhualaidhean fiadh-bheatha gu mòr. Tha e cudromach gun dèan HIAL sgrùdadh air dòighean gus a dhleastanas bith-iomadachd a libhrigeadh gu neo-dhireach agus far nan làraichean aige, a bharrachd air a bhith a' dèanamh sin air na làraichean aige far a bheil sin iomchaidh.

Aithisg air Dleastanas Bith-iomadachd

1. Gnìomhan gus bith-iomadachd a dhìon agus gus daoine a cheangal ri nàdar

A dh'aindeoin nan dùbhlain agus nan cuingealachaidhean dìon a tha romhainn tha sinn a' tuigsinn nan cuideaman a tha air nàdar agus cho cudromach 's a tha e a bhith a' dìon bith-iomadachd. Tha mòran de na puirt-adhair againn suidhichte ri taobh no faisg air àiteachan a tha comharraichte airson glèidhteachas nàdair agus tha na h-àrainnean sin a' cumail taic ri farsaingeachd de dh'fhìadh-bheatha.

Tha oighreachd HIAL a' gabhail a-steach raon farsaing agus eadar-mheasgte de dh'àrainnean anns a bheil lus, neo-dhrum-altachain (*invertebrates*), fungasan agus fiadh-bheatha beag is mòr thar nam puirt-adhair gu lèir.

Tha dìon na h-àrainneachd ionadail timcheall air na puirt-adhair fhathast air aon de na dùbhlain as cudromaiche a tha mu choinneamh HIAL, a dh'fheumas cothromachadh a dhèanamh eadar na buannachdan sòisio-eaconamach cudromach a tha an lùib siubhal adhair agus a' bhuidheann a th' aige air an àrainneachd.

Chaidh Sgrùdaidhean Àrainnean Ìre 1 leudaichte a dhèanamh aig a h-uile port-adhair, a' stèidheachadh bun-loidhne eag-eòlasach. Anns na bliadhnaichean ri teachd cleachdaidh sinn am fiosrachadh bun-loidhne seo gus taic a chumail ri leasachadh a' Phlana Gnìomh Bith-iomadachd againn.

Tha cho diofraichte 's a tha na h-àiteachan anns a bheil na puirt-adhair againn stèidhichte a' ciallachadh gu bheil cothrom air measgachadh de phròiseactan dìon is leasachaidh bith-iomadachd.

Port-adhair Bharraigh

Tha Port-adhair Bharraigh air leth leis na raointean-laighe air an tràigh. Tha an abhainn ri taobh oir an raon-adhair buailteach cur thairis air a bruaichean, ag adhbharachadh tuiltean san raon-adhair a bharrachd air a bhith a' cur chlachan, ùir agus stuthan eile air an raon-laighe agus ag adhbharachadh duilgheadasan a thaobh sàbhailteachd.

B' e am fuasgladh a chaidh a chur an sàs balla 330m de chreig ionadail a chaidh a chleachdadh gus bruaich na h-aibhne a dhàingneachadh agus an cunnart bho thuiltean a lùghdachadh ann an dòigh a bhiodh cuideachd a' coimhead iomchaidh san àrainneachd sa bheil e.

Tha an sgioba ann am Bharraigh cuideachd air a bhith a' conaltradh ri Buidheann Glèidhteachais nan Seilleanan-mòra agus iad a' rannsachadh an gabhadh lus agus flùraichean ionadail a chur timcheall a' phuirt-adhair gus taic a chumail ris na seilleanan-mòra ionadail.

Port-adhair Bheinn na Faoghla

Tha poileasaidh feur fada aig Port-adhair Bheinn na Faoghla gus mogairlean nan coilleag (*Anacamptis pyramidalis*) tearc a tha a' fàs air an raon-adhair a dhìon. Tha na mogairlean seo nan gnè tùsaireach a bhios mar as trice a' fàs air seann thalamh feurach cailce agus clach-aoil leth-nàdarach, ach, thathar den bheachd gu bheil iad co-cheangailte ri gainmheach shligeach làn calcium ann am mhachair nan Eileanan Siar. Bidh na mogairlean a' tàladh grunn leòmainn agus dealain-dè poileanachaidh dùthchasach a' gabhail a-steach an leòmainn bùrnaid shia-bhallach (*Zygaena filipendulae*).



Port-adhair Bharraigh

Aithisg air Dleastanas Bith-iomadachd

1. Gnìomhan gus bith-iomadachd a dhìon agus gus daoine a cheangal ri nàdar (a' leantainn)

Port-adhair Inbhir Nis

Tha sinn air 'ruithean gearr' a chruthachadh agus a chumail suas aig Port-adhair Inbhir Nis gus nach tèid cron a dhèanamh air dochann do gheàrran le bhith gan stiùireadh air falbh bho raointean-laighe agus slighean tagsaidh.

Ann an 2019 thòisich sinn air prògram samplachadh macro-neo-dhruim-altachain (*macroinvertebrates*) agus tha sinn air leantainn oirnn le seo. Tha samplachadh macro-neo-dhruim-altachain na dhòigh air leth èifeachdach air tuigse fhaighinn air slàinte cùrsa-uisge san fhad-ùine, eu-coltach ri samplachadh ceimigeach nach toir seachad ach dealbh aig àm an t-samplachaidh. Tha diofar irean fulangais aig teaghlach eadar-dhealaichte de mhacro-neo-dhruim-altachain a thaobh truailladh bho thùsan leithid eotrofachadh (*eutrophication*), di-ocsaideanachd no truailladh organach.

Thòisich sinn air prògram samplachadh uisge leasaichte ann an 2023, a' toirt cothrom dhuinn tuigse nas fheàrr fhaighinn air a' bhuidh a tha aig ar gnìomhachd fhèin agus air buaidh bhon taobh a-muigh air na cùrsaichean-uisge ionadail.

Port-adhair Ìle

Ann an 2023 thòisich sinn a' planadh pròiseact sgrùdaidh agus cruthachadh àrainn nathraichean-nimhe ann am Port-adhair Ìle. Tron phròiseact seo, gabhaidh àrainnean freagarrach a chruthachadh ann an àiteachan sàbhailte air falbh bho thogalach a' phuirt-adhair. Ann an 2023 chaidh aon nathair-nimhe boireann agus aon nathair-nimhe fireann a ghluasad bho fhaisg air togalaichean a' phuirt-adhair gu àiteachan sàbhailte taobh a-staigh crìoch a' phuirt-adhair. Thèid am pròiseact seo a leasachadh agus a thoirt air adhart anns na bliadhnaichean ri teachd.

Tha sinn cuideachd air a bhith ag obair leis an RSPB a tha air a bhith a' dèanamh sgrùdaidhean air eòin-grunnachaidh air an talamh timcheall air a' phuirt-adhair as t-earrach eadar meadhan a' Ghiblein agus deireadh a' Chèitein 2023.



Soidhne Bith-iomadachd, Tìriodh

Tha sinn cuideachd ag obair còmhla ris an RSPB aig an àm seo, a' rannsachadh a' chomais gus àrainn a chruthachadh dhan Steàrnan Bheag aig a' phuirt-adhair. Thathar a' rannsachadh an gabhadh sligean chreachan prònte a chleachdadh mar mheadhan, le piosan gainmhich eatarra, leis a' mhòr-chuid de stuthan air an lorg gu h-ionadail far an gabh sin dèanamh. Chaidh grunn shoidhnichean fiosrachaidh mu Steàrnan Beaga agus mu na h-àiteachan neadachaidh aca a thaisbeanadh air feansa crìche a' phuirt-adhair gus feuchainn ri buaradh a lùghdachadh do Steàrnan Beaga a tha a' neadachadh air fearann a' phuirt-adhair. Tha suidheachadh na talmhainn agus an raon-laighe againn nach eil ga chleachdadh tuilleadh is far nach tèid am poball a' toirt seachad deagh shuidheachadh neadachaidh do na h-eòin, gun a bhith a' toirt buaidh air sàbhailteachd nan seirbheisean-adhair.

Tha Urras Glèidhteachais nan Neo-dhruim-altachan cuideachd air a bhith a' dèanamh sgrùdaidhean airson pròiseact gus am *Meloe brevicollis* agus an *Colletes floralis* a ghlèidheadh. Fhuair iad cead sgrùdadh a dhèanamh air na dùin-ghainmhich air agus faisg air fearann a' phuirt-adhair sa Chèitean agus san Iuchar 2023.

Tha an sgioba air a bhith ag obair còmhla ri Peatland Action agus NàdarAlba gus measadh a dhèanamh air a' chomas gus obair ath-leasachaidh talamh mòintich a dhèanamh air fearann neo-obrachail.

Port-adhair Kirkwall

Tha an sgioba aig Port-adhair Kirkwall air a bhith a' toirt taic do Phròiseact Fiadh-bheatha Dùthchasach Arcaibh le bhith a' leigeil leis an RSPB trapaichean neas a chur timcheall a' phuirt-adhair.

Chan eil neasan dùthchasach do dh'Arcaibh agus tha iad nan cunnart mòr do dh'fhiadh-bheatha dùthchasach nan eilean, nam measg am famhalan-Arcach, clamhnan nan cearc, an guilbneach agus an steàrnan.

Port-adhair Thiriodh

Tha luchd-obrach aig Port-adhair Thiriodh ag obair còmhla ris an RSPB air prògram briodachaidh an traoin (*Crex crex*). Chaidh poileasaidh feur-fada ùraichte aontachadh le CAA na RA gus nach tèid am feur a ghearradh ann an seusan briodachaidh an traoin agus gun tèid dàil a chur air seo gu às dèidh 1 Lùnastal gach bliadhna. Leanaidh sgrùdadh air cho tric 's a thèid eòin a bhualadh le soithichean-adhair agus bithear a' measadh nan ceumannan lasachaidh gach bliadhna gus dèanamh cinnteach nach eil sàbhailteachd a' phobail ann an cunnart.

Aithisg air Dleastanas Bith-iomadachd

2. Ag àbhaisteachadh bith-iomadachd

Tha raon farsaing agus eadar-mheasgte de dh'àrainnean thar raon fiosaigeach mòr anns na puirt-adhair againn, agus faodaidh e a bhith dùbhlanaich a bhith a' dìon nan àrainnean sin agus am fiadh-bheatha a tha a' fuireach ann, agus aig an aon àm a bhith a' cothromachadh buannachdan sòisio-eaconamach bho chòmhdhail adhair. Is urrainn eimiseanan àrainneachdail bho phuirt-adhair, uisge, èadhar, agus fuaim droch bhuaidh a thoirt air àrainnean agus gnèithean ionadail. Tha sinn a' cumail dlùth cheangal ri NàdarAlba, RSPB agus buidhnean àrainneachd eile gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail suas cothromachadh eadar glèidhteachas agus sàbhailteachd phlèanaichean.

Tha earrann shònraichte den Ro-innleachd Seasmhachd againn mu bhith a' dìon agus a' cur ri eag-eòlas agus cruthan-tìre ionadail agus tha sinn air gealltainn na leanas a dhèanamh:

- Sgrùdadh air slatan-tomhais bith-iomadachd agus cothroman duais
- Togail air toraidhean Sgrùdaidhean Àrainnean Ìre 1 gus ro-innleachd Bith-iomadachd agus planaichean riaghlaidh eag-eòlas a chruthachadh airson gach port-adhair
- Beachdachadh air leasachaidhean bith-iomadachd agus cothroman ann an leasachadh phròiseactan.

Stèidhichte air Ro-innleachd na Seasmhachd, tha Plana Riaghlaidh Àrainneachd (EMP) fa leth aig gach port-adhair. Tha iad sin a' toirt tuairisgeul air àrainnean, raointean dìonta agus gnèithean sònraichte a tha san sgìre ionadail. Tha na EMPan a' mineachadh mar a bhios gach port-adhair a' clàradh na buaidh àrainneachdail aige tro Chlàr Taobh is Buaidh a bharrachd air leasachaidhean sam bith a tha an sàs gus droch bhuaidhean a lùghdachadh agus gus cur ri cothroman.

Anns a h-uile port-adhair, nuair a thòisicheas sinn air pròiseact calpa sam bith, tha bith-iomadachd na phrìomh ceist air am beachdaich sinn thar gach ìre den obair leasachaidh bho sholarachadh gu dealbhadh is togail. Thèid sgrùdaidhean iomchaidh a dhèanamh, a' gabhail a-steach measaidhean eag-eòlasach agus sgrùdaidhean ro-thogail airson gnèithean dìonta leithid bruic is dòbhrain air pròiseactan togail gus dèanamh cinnteach nach toir an obair droch bhuaidh air fiadh-bheatha na sgìre. Far a bheil e iomchaidh, thèid ceumannan lasachaidh iomchaidh a chur an sàs cuideachd, mar eisimpleir tha obair ga planadh gus dèanamh cinnteach nach bi obair a' dol air adhart aig amannan a tha a' cur dragh air eòin a tha a' briodachadh agus a' neadachadh.

Tha a Phlana Riaghlaidh Fiadh-bheatha fhèin aig gach port-adhair. Tha na planaichean ag amas air bualaidhean eòin a lùghdachadh agus tha dòigh-obrach for-ghnìomhach aca a thaobh riaghlaidh fiadh-bheatha agus àrainnean. Tha sinn ag ath-sgrùdadh mar a bhios sinn ag aithris air fiadh-bheatha, gus an urrainn dhuinn faicinn de na trèandan a th' ann agus gus ath-sgrùdadh a dhèanamh bho àm gu àm air duilgheadasan sam bith agus gus ar measaidhean cunnairt ùrachadh.

Tha poileasaidh feur fada aig HIAL, far a bheil feur air a chumail aig àirde eadar 150 agus 200mm. A bharrachd air a bhith a' cur bacadh air cuid de ghnèithean eòin bho bhith a' dol air na raointean-adhair againn, tha am poileasaidh seo cuideachd a' cuideachadh le bhith a' dìon lusan is bhiastagan dùthchasach.

Tha sinn ag ath-sgrùdadh mar a tha sinn a' cleachdadh fearainn aig an àm seo agus air cothroman san àm ri teachd tron oighreachd againn air fad. Bidh an t-ath-sgrùdadh seo a' gabhail a-steach a' chomais airson pròiseactan ath-nuadhachaidh agus àrdachadh àrainn agus fuasglaidhean stèidhichte air nàdar air duilgheadasan leithid tuiltean is truailleadh.



Port-adhair Inbhir Nis

Aithisg air Dleastanas Bith-iomadachd

3. Fuasglaidhean stèidhichte air nàdar, atharrachadh na gnàth-shìde agus bith-iomadachd

Ann an 2019, chomharraich Prìomh Mhinistear na h-Alba gu foirmeil gu bheil èiginn gnàth-shìde chruinneil ann. Bhon uair sin, tha Pàrlamaid na h-Alba air Achd Atharrachadh Gnàth-shìde ùr aontachadh a tha a' suidheachadh targaid cothromachadh-carboin airson eimiseanan a h-uile gas taigh-glainne ro 2045.

Chunnaic sinn buaidh atharrachadh na gnàth-shìde ann an cuid de na puirt-adhair againn mar-thà. Tha bleith cladaich air a bhith ann am Beinn na Faoghla, Barraigh, Ìle, Steòrnabhagh agus Tìriodh. A bharrachd air sgrùdadh leantainneach, tha fuasglaidhean innleadaireachd air a bhith ann agus tha sinn air muran a chur gus na dùintean a dhèanamh seasmhach.

Ann an 2023 rinn sinn Measaidhean Cunnart Atharrachadh Gnàth-shìde airson a h-uile port-adhair, a' coimhead chan ann a-mhàin air na cunnartan a th' ann an-dràsta ach cuideachd air na cunnartan a dh'fhaodadh a bhith romhainn san àm ri teachd mar thoradh air atharrachadh na gnàth-shìde. Tha gnìomhachas nan seirbheisean adhair fìor bhuailteach do bhuidhean bho chunnartan co-cheangailte

ris a' ghnàth-shìde agus dh'fhaodadh so-leòntachd agus cunnartan gnàth-shìde buaireadh mòr a thoirt air obair puirt-adhair, dàil a chur air luchd-siubhail, agus, aig a' cheann thall, lùghdachadh ann an sàbhailteachd seirbheisean-adhair. Tha an aithisg measaidh as ùire aig a' Phannal Eadar-riaghaltais air Atharrachadh Gnàth-shìde (IPCC) ag ràdh gu bheil eimiseanan a tha air an dearbhadh a rèir nàiseanan ga dhèanamh coltach gum bi blàthachadh nas àirde na 1.5° C anns an 21mh linn, leis a h-uile àrdachadh a bharrachd de bhlàthachadh na cruinne a' meudachadh tachartas fìor dhroch shìde. Tha na puirt-adhair againn a' toirt seachad seirbheis dheatamach do choimhearsnachdan is gnìomhachasan air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean, agus tha e ro-chudromach dhuinn dèanamh cinnteach gu bheil ar gnìomhachdan, ar bun-structar agus ar gnìomhan ro-innleachdail a' freagairt air caochlaideachd is atharrachadh na gnàth-shìde.

Cumaidh sinn oirnn ag obair le buidhnean san roinn phoblaich is phrìobhaideach gus cunnartan gnàth-shìde san àm ri teachd a thuigsinn, a lùghdachadh agus a fhreagarrachadh agus, far an gabh sin dèanamh, fuasglaidhean stèidhichte air nàdar a chur an gnìomh.



Steòrnabhagh

Aithisg air Dleastanas Bith-iomadachd

4. Leasachadh an Luchd-obrach

Tha na daoine againn aig cridhe HIAL, agus tha e an urra rinn dèanamh cinnteach gun ruith sinn lionra phort-adhair sàbhailte agus fàilteach aig na h-ìrean proifeiseanta as àirde. Is e ar n-amas àrainneachd obrach adhartach a chruthachadh le fòcas air sunnd nan daoine againn agus le cothromachadh beatha-obrach èifeachdach.

Ann an 2023 thug sinn a-steach trèanadh mothachadh àrainneachd èigheachail dhan luchd-obrach air fad againn, a' cuideachadh gus cur ri mothachadh mun ro-innleachd seasmhachd againn agus a' dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach air fad mothachail mun àite a th' aca ann a bhith a libhrigeadh nan amasan againn. Anns a' phasgan trèanaidh tha cuspair ann mu bhith-iomadachd agus tha seo a' cur cuideam air cuid de na gnèithean gun samhail a tha a' fuireach air agus timcheall air cuid de na raointean-adhair againn.

Tha conaltradh le ar luchd-obrach mu chùisean àrainneachdail, a' gabhail a-steach bith-iomadachd, deatamach gus ar n-amasan àrainneachdail a choileanadh agus tha sinn air a bhith ag obair gu cruaidh gus piseach a thoirt air an dòigh sa bheil sinn a' conaltradh leis na daoine againn. Tha earrann shònraichte anns a' chuairt-litir mhiosail againn anns a bheil fiosrachadh mu Sheachdain na Mara a bhios a' brosnachadh luchd-obrach gus ùine a chaitheamh a-muigh agus gus cur ri saidheans nan saoranach tro bhith a' gabhail pàirt ann an glanadh tràigh, truilleadh uisge, a' cumail sùil a-mach airson 'greenwashing', atharrachadh na gnàth-shìde agus molaidhean practaigeach air mar as urrainn dhaibh a' bhuaidh àrainneachdail aca a lùghdachadh aig an taigh agus aig an obair.

Bidh sinn a' brosnachadh ar luchd-obrach gus obair shaor-thoileach a dhèanamh agus a' toirt dhaibh dà latha pàighte airson seo gach bliadhna.

Tha sinn moiteil às an àite a th' againn sa choimhearsnachdan ionadail againn leis gu bheil sinn a' cumail taic ri buannachd shòisealta agus soirbheachas eaconamach do na coimhearsnachdan a bhios sinn a' frithealadh.

5. Buileachadh agus Sgrùdadh

Tri tursan sa bhliadhna bidh eag-eòlaiche ionadail a' tighinn gu Port-adhair Inbhir Nis airson samplachadh a dhèanamh air macro-neo-dhruim-altachain. Leigidh na sampallan sin leinn na macro-dhruim-altachain a tha a' fuireach anns a' phort-adhair, agus timcheall air, a thuigsinn a bharrachd air coimeas a dhèanamh ri tursan roimhe gus an urrainn dhuinn comharrachadh an robh gluasadan sam bith ann an càileachd uisge.

Tha samplachadh macro-neo-dhruim-altachain air grunn nan cùrsaichean-uisge na dhòigh air leth èifeachdach air tuigse fhaighinn air slàinte cùrsa-uisge san fhad-ùine, eu-coltach ri samplachadh ceimigeach nach toir seachad ach dealbh aig àm an t-samplachaidh.

Chaidh leas-abhainn gun ainm aig Allt Àird nan Saor a chanàlachadh gu ìre mhòr tron t-slighe air fad aice agus chan eil i a-nis coltach ri cùrsa-uisge "nàdarra", rud a bheir droch bhuaidh air seòrsachadh a h-uile làraich le bhith a' lùghdachadh na h-àrainn a tha ri fhaighinn agus na seòrsaichean sruthan an coimeas ris a' chruth nàdarra aice, agus mar sin tha seo a' cuingealachadh iomadachd nan neo-dhruim-altachan. Tha na toraidhean as ùire air sealltainn gum bi càileachd an uisge a' dol am miosad gu mòr mus tig e a-steach dhan phort-adhair. Thèid barrachd obrach a dhèanamh thairis air na bliadhnaichean ri thighinn gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na cùrsaichean-uisge ionadail agus gus cothroman leasachaidh a chomharrachadh.

Tha sinn ag aithneachadh gum feum sinn obrachadh ann an com-pàirteachas le càch gus bith-iomadachd ionadail a thuigsinn agus cothroman leasachaidh a chomharrachadh.

Tha sinn a' dèanamh conaltradh le puirt-adhair eile agus tha sinn nar buill de dh'iomadh fòram agus buidheann nàiseanta is ionadail.

6. Prìomh Choileanaidhean agus Dùbhlain Bith-iomadachd

'S e an dùbhlain as motha a tha mu choinneamh HIAL a thaobh bith-iomadachd dèanamh cinnteach nach bi fiadh-bheatha na chunnart do shàbhailteachd phlèanaichean, an dà chuid taobh a-staigh àrainneachd an raon-adhair agus san 13km de spàs-adhair timcheall air.

Bidh Buidheann Sàbhailteachd Seirbheisean-adhair na h-Eòrpa (EASA) agus Ùghdarras Itealaich Chatharra na RA (CAA) a' cur riatanasan air puirt-adhair teisteanach agus le ceadachas ceumannan a ghabhail gus an cunnart bho bualaidhean eadar fiadh-bheatha agus soithichean-adhair a lùghdachadh agus feumaidh sinn an stiùireadh a tha air a mhineachadh ann an CAP 772 "Stiùireadh Fiadh-bheatha aig Raointean-adhair", a' toirt seachad fiosrachadh air mar a stèidhichear agus a chuirear an gnìomh plana riaghlaidh smachd eòin is fiadh-bheatha èifeachdach.

Ach, tha mòran cothroman ann dhuinn cuideachd cuideachadh gus piseach a thoirt air bith-iomadachd agus gus taic a chumail ri bhith a' coileanadh amasan is targaidean nas fharsainge. Tha na puirt-adhair againn gu math mòr a thaobh meud talmhainn agus tha sinn ag ath-sgrùdadh nam feumalachdan làithreach againn agus a' beachdachadh air cothroman bith-iomadachd airson an àm ri teachd.

Le bhith ag obair gu dlùth leis an sgioba Dion againn agus le daoine eile, an dà chuid air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh, bidh e comasach dhuinn cothroman bith-iomadachd a chruthachadh a chumas taic ri ath-nuadhachadh agus àrdachadh gun a bhith a' cur ris a' chunnart do shàbhailteachd nan soithichean adhair.

